



### Ciste-ulaidh na h-Alba

Mairead Anna NicLeòid

(Diciadain a-mhàin x2)

Cothrom an geama-bùird ùr seo fheuchainn agus dòighean eadar-dhealaichte fhaicinn air mar a chleachdadh tu e mar ghoireas cànan. Ann am buidhnean, a' sireadh dhòighean a bharrachd air a chur gu feum airson leasachadh a thoirt air cànan nan sgoilearan.

### Kar2ouche

Iain MacRath

(Diciadain a-mhàin x2)

Sùil air mar a gheibhear air na tiotalan Sgrìobhadh Cruthachail agus Daoine Ainmeil ann an Eachdraidh sa ghoireas Kar2ouche a chleachdadh san sgoil. Seallaidh Iain mar a tha an goireas ag obrachadh agus mar a chleachd e fhèin e sa chlas. Bheir seo beachd dhuibh air mar as urrainn dhuibh a cheangal ri topaigean a tha sibh a' dèanamh anns an sgoil. Ann am buidheann, bidh cothrom ann cuideachd an goireas fheuchainn agus eisimpleirean a chruthachadh.

### Bùth-obrach Beothachaidh (BS 6&7, ÀS 1&2)

Chris Mitchell

(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Còmhla ri Chris Mitchell, Cànan, ionnsaich mar a chruthaicheas tu sgeulachdan beothaichte simplidh a' cleachdadh GoAnimate. Sa bhùth-obrach seo cuiridh tu eòlas air na h-innealan agus na dòighean a tha gan cleachdadh gus audio a dheasachadh agus cartùnaichean beothaichte simplidh a dhèanamh, agus faodaidh tu an uair sin goireasan spòrsail a chruthachadh dhan chlas agad.

### Stuthan cànan

Ciorstaidh Nic a' Phiocair & Trish NicLeòid

(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Bidh Ciorstaidh agus Trisha a' sealltainn stuthan cànan a tha iad a' cleachdadh sa bhun-sgoil, agus bheir Mòrag NicIleathain ro-shealladh air stuthan a tha Stòrlann a' cruthachadh ann an co-theacsa frèam-cànain tràth ìre gu ìre a dhà. An uair sin, ann am buidhnean, bidh cothrom aig compàirtichean beachdan air teagasg cànan no gràmair a cho-roinn, agus planaichean leasain a chruthachadh air an son.

### A' teagasg cànan tro pupaidean

Dougie Beck

(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Seallaidh Dougie mar a chleachdas tu pupaidean airson a bhith a' teagasg cànan. Cleachdaidh e a' phupaid, Catriona, sa ghoireas a rinn Stòrlann, Catriona air Chuairt.

### ASN – Feumalachdan Taic a Bharrachd

Eàirdsidh MacLullich & Fiona Lyon

(Feasgar Diciadain & Feasgar Diardaoin)

A' rannsachadh mar a thèid innealan measaidh agus sgrionaidh daimeamaig a chleachdadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; a' cleachdadh nan dòighean sin ann am measadh co-obrachail air Feumalachdan Taic a Bharrachd.



## Measadh agus Co-mheasadh

Muriel Mhoireach agus Criosaidh Ghreumach

(Feasgar Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Measadh agus co-mheasadh stèidhte air pròiseact tràth ìre ach a ghabhas atharrachadh airson eadar-ghluasad gu ceann shuas na bun-sgoile.

## Bi sundach agus seinn!

Dolina Rothach

(Feasgar Diciadain & Madainn Diardaoin)

Seallaidh Dolina cuid de na h-òrain, na geamannan agus na gnìomhan a tha sa ghòireas chiùil ùr seo airson na tràth ìre agus na ciad ìre. Tha na h-òrain a' leasachadh sgilean ciùil agus a' cuideachadh le togail cànan agus tuigse na cloinne.

## 'Smathsìn agus Comic Life

Daibhidh Mac a' Ghobhainn agus Màiri Milne

(Diardaoin a-mhàin x2)

Seallaidh Màiri na buannachdan a tha an cois a bhith a' cleachdadh chomaigean mar 'Smathsìn ann an obair cànan. An uair sin seallaidh Daibhidh Mac a' Ghobhainn bhon chompanaidh Right Lines, a tha a' cur a-mach 'Smathsìn, mar a ghabhas am prògram Comic Life a chleachdadh gus comaigean a chruthachadh. A' leantainn air a' bhùth-obrach seo cumaidh Stòrlann farpais stèidhte air sgeulachd spòrs a thèid innse ann an cruth comaig.

## Foghlam Alba

Celia NicArtair

(Madainn Diardaoin a-mhàin)

Bidh Celia NicArtair, bho Bhuidheann Foghlam nan Tidshearan, a' treòrachadh chom-pàirtichean tro earrann Ionnsachadh Proifeiseanta làrach Foghlam Alba. Tha an seisean seo freagarrach airson luchd-cleachdaidh aig gach ìre nan dreuchd. Stiùiridh Celia còmhraidh air Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd agus Sgrùdadh agus Leasachadh Proifeiseanta (PRD). Tha ionnsachadh proifeiseanta deatamach ann a bhith a' cuideachadh luchd-cleachdaidh gus a bhith a' gabhail gu togarrach ri atharrachadh; a' stiùireadh; ag obrachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche còmhla ri daoine eile; a' cnuasachadh agus a' rannsachadh; agus a' toirt seachad foghlam nas fheàrr do chlann agus do dh'òigridh. Cuide ri Ceannard àrd-sgoile, seallaidh Celia cuideachd mar a tha stuthan-taic ùra air luchd-obrach a chuideachadh gus a dhol an sàs ann an dòigh dheimhinneach ann am PRD.

## SÙIL SGIOBALTA

Diciadain		Diardaoin	
Seisean 1	Seisean 2	Seisean 3	Seisean 4
Ciste-ulaidh na h-Alba	Ciste-ulaidh na h-Alba	Foghlam Alba	ASN
Cànan tro Phupaidean	Bi Sundach & Seinn	Bi Sundach & Seinn	Cànan tro Phupaidean
KarZouche	KarZouche	'Smathsìn	'Smathsìn
Beothachadh /Audio	ASN		Beothachadh /Audio
Stuthan cànan	Measadh	Stuthan cànan	Measadh